

# NA DUILLEAGAN GÀIDHLIG

AIR AN CUR A-MACH AN LÙIB | LIFE AND WORK

2021 | 4 | AN DÙBHLACHD



## Facal Toisich

Tha sinn ag uallachadh nan duilleagan seo as t-fhoghar, goirid ro thoiseach co-labhairt mhòr COP26 ann an Glaschu. Chan eil fhios againn aig an ìre seo dè a thig às, ach tha e soilleir gu bheil an dachaigh thalmhanta againn ann am fìor dhroch staid. Tha riaghaltasan agus buidhnean eadar-nàiseanta air an èiginn a chomharrachadh, ach mar tha fhios againn uile, is e am beul a labhras ach an gnìomh a dhearbhas. Bidh dleastanas oirne anns na h-eaglaisean a bhith a' cumail riaghaltasan dùthchannan an t-saoghail ris na gealltanasan a dh'ontaicheadh. Mar Chrìosdaidhean, tha dà adhbhar sònraichte airson seo. Anns a' chiad dol a-mach, tha buaidh atharrachadh na gnàth-side a' tuiteam as truime air an fheadhainn as bochda anns an t-saoghal, agus chan ann air daoine anns na dùthchannan a tha gu sònraichte ga h-adhbhrachadh agus aig a bheil goireasan gus dèiligeadh ris na dùbhlain seo. 'S e mì-cheartas a tha seo, agus tha dleastanas sònraichte oirnn mar Chrìosdaidhean airson ar co-chreutairean a dhìon agus taic a thoirt dhan fheadhainn a tha air an sàrachadh le mì-cheartas. Agus a bharrachd air sin, 's e cruthachadh an Tighearna a th' anns an domhain. Rinn e e tro Fhacal naomh fhèin, agus bha e math. Tha an Cruthadair ga fhoillseachadh fhèin anns na chruthaich e, tha a mhaitheas dhuinn soilleir ri fhaicinn mu thimcheall oirnn, rud a thuig Daibhidh agus a chuir e an cèill gu tric anns na Sàilm. Ma tha sinn a' milleadh an rud a chruthaich e dhuinn, mura h-eil sinn a' toirt an aire gu cùramach dhan dachaigh a rinn e air ar son agus airson gach creutair eile, nach e eas-urram agus dìmeas a tha sin? Ma chuireas sinn ann an suarachas a rud a rinn Dia agus a thuirt gun robh e math, dè tha sinn ag ràdh mu ar spèis dhàsan? Thoireamaid ar spèis do chliù Dhè ann a bhith a' toirt an aire gu h-ìomchaidh air an tìodhlac seo a chruthaich e agus a thug e dhuinn.

Liam Alastair Crouse, Uibhist a Deas  
Donnchadh Sneddon, Dùn Èideann

## Dealbh



Abaid Eilean Idhe © Snapshots of the Past. Fo chead CC.

**Air 7mh dhen Dùbhlachd, 2021, bidh muinntir na h-Alba agus na h-Èireann a' comharrachadh 1500 bliadhna o rugadh Naomh Calum Cille, a bha air aon na de prìomh phearsachan eaglais ann an dùthchas nan Gàidheal. Bha Eilean Idhe, agus an eaglais a bha suidhichte faisg air làrach na h-Abaid seo, aig cridhe iompachadh na h-Alba gu creideamh na Crìostachd. Seo coltas na h-Abaid mar a bha i eadar an t-16mh linn agus an 19mh linn, mus deach a chur air dòigh le Urras Abaid Idhe aig toiseach na 20mh linn. Tha i an-diugh fo chùram na rioghachd aig Àrainneachd Eachdraidheil na h-Alba agus thèid seirbheisean a chumail innte gu cunbhalach.**

# Gàidhlig Shìmplidh

Tha mi cinnteach gun cuala tu mu Chalum Cille. B' e manach a bh' ann a thàinig a dh'Alba à Èirinn agus manachainn a stèidheachadh ann an Eilean Idhe, ris an canar cuideachd Ì Chalum Chille. Rugadh e o chionn 1,500 bliadhna ann an Èirinn. Bha e glè chudromach ann an eachdraidh na h-eaglaise agus eachdraidh nan Gàidheal. Dh'fhàs lìonra eaglaisean air feadh na h-Èirinn, Dàl Riata, Tìr nan Cruithneach agus taobh a tuath Shasainn. Bha Abaid Eilean Idhe air ceann na lìonra sin, agus bha e na àite glè chudromach ann an ealan, sgoilearachd agus litreachas. Tha cuid dhen bheachd gun deach Leabhar Cheannanais Mhòir a sgrìobhadh ann, mus deach a thoirt a dh'Èirinn. Tha an t-eilean, agus Calum Cille fhèin, air a bhith cudromach ann an cultar nan Gàidheal, tha iomadh àite air ainmneachadh às a dhèidh agus tha iomadh sgeulachd ann ma dheidhinn ann am beul-aithris. Lorgar cuid air an làrach-lìn Tobar an Dualchais: dèan lorg air “Calum Cille” agus chì thu na tha ann mu dheidhinn. Sgrìobh Adomnán, no Adhamhnan, leabhar mu dheidhinn mu thimcheall air a' bhliadhna 700, .i. mu linn às dèidh bàs Chalum Chille fhèin. A rèir Adomnán, bha Calum Cille daonnan trang a' sgrìobhadh agus a' tar-sgrìobhadh leabhraichean naomha – saltairean, laoidheadairean agus mar sin air adhart. Thuir Adomnán gur e seo an rud deireanach a sgrìobh Calum Cille mus do dh'eug e:

*Bidh easbhaidh air na leòmhnas òg,  
is acras orr' air leth;  
Ach air an dream a dh'iarras Dia  
cha cheilear aon nì math. (Salm 34: 10)*

## Beagan cuideachaidh

manach – monk (masc)  
manachainn – monastery (fem)  
ris an canar – which is called  
lìonra – network (masc)  
abaid – abbey – (fem)  
Leabhar Cheannanais Mhòir – the Book of Kells

# Searmon beag

1 An rud a bh' ann o thoiseach, a chuala sinn, a chunnaic sinn ler sùilean, air an do choimhead sinn agus a làimhsich ar làmhan – mu Fhacal na beatha – 2 agus nochd a' bheatha, agus chunnaic sinn i agus tha sinn a' toirt fianais oirre; agus tha sinn a' cur an cèill dhuibhse a' bheatha shìorraidh, a bha còmhla ris an Athar agus a chaidh a nochdadh dhuinne. 3 Tha sinn a' cur an cèill dhuibhse an rud a chunnaic agus a chuala sinn airson 's gum bi co chomann agaibhse cuideachd leinne. Agus tha an co chomann againne gu deimhinn còmhla ris an Athar agus ri a Mhac, Ìosa Crìosd. 4 Tha sinn a' sgrìobhadh seo thugaibh airson 's gum bi ar n aoibhneas làn. (1 Eòin 1: 1 - 4)

Aig cridhe na Nollaige tha an fhìrinn seo: gun deach Ìosa Crìosd, Mac Dhè, Facal an Tighearna, a dhèanamh na fheòil, gun robh e beò air an talamh mar a tha sinne, ach ann an dà nàdar - nàdar Dhè na lànachd agus nàdar an duine na lànachd - airson ar slànachadh. Anns a' cheann-teagasg goirid seo, tha a' chiad dà rann a' cur an cèill teagasg na Nollaige anns an treas agus an ceathramh rann a' cur an cèill adhbhar na Nollaige.

1 - 2

Anns a' chiad dol a-mach, tha an t-Abstol a' dearbhadh dhuinn gur e an fhìrinn a th' anns na rudan a chuala a luchd-leughaidh mu Ìosa. 'S e cunntasan earbsach a th' annta, stèidhichte air rudan a chaidh innse le daoine a bha an làthair nuair a thachair iad. Chunnaic agus chuala agus làimhsich iad an duine seo, Ìosa. Bha iad a' teagasg rudan air an robh iad eòlach. Agus chan ann a-mhàin sin, ach thuig iad na rinn e nuair a chaidh a dhèanamh na fheòil. Thuig iad gur e Facal na beatha a bh' ann, thuig iad gur e Dia a bh' ann, thuig iad gur e Soisgeul na beatha a bha aca nis ri chur an cèill. 'S e seo teagasg na Nollaige - thàinig Ìosa, facal na beatha, facal an Athar, dhuinn airson

's gum biodh beatha aca, agus gum biodh i aca ann am pailteas. (Eòin 10: 10)

3 - 4

Agus air sgàth sin, tha an dàimh againn rir co-chreutairean agus an dàimh againn ris an Tighearna air an cruth-atharrachadh. Tha co-chomann a-nis againn ri gach aon a ghairmeas air ainm an Tighearna, anns gach linn, anns gach ginealach, anns gach tìr. Tha pàirt againn ann an co-chomann nan naomh, tha sinn a' compàirteachadh ann am beatha na h-eaglaise ann an aonachd naomh, mar bhràithrean agus peathraichean, clann an Athar. Agus is ann tro ghràs agus mhinistrealachd Ìosa a tha an co-chomann seo againn. Abair gràs a tha sin, a chuireas às gach sgaradh nar measg a thaobh cinnidh agus clas! Mar a sgrìobh Pòl, *Chan eil lùdhach no Greugach, chan eil daor no saor, chan eil fireann no boireann ann; oir tha sibh uile nur n aon ann an Crìosd Ìosa.* (Galàtianaich 3: 28) Agus - agus 's e seo adhbhar ar n-aobhneis - tha co-chomann againn ri Dia cuideachd! Air ar stiùradh leis an Spiorad, tha co-chomann againn ri an Tì as àirde, ìosal agus neo-airidh ged a tha sinn. Ged as e peacaich a th' annainn, cho tric a' dol air seachran, *Thàinig Mac an Duine a shireadh agus a theàrnadh an nì sin a bha cailte.* (Lùcas 19: 10) 'S e seo adhbhar na Nollaige, co-chomann a bhith againn rir co-chreutairean agus ris a' Chruthadair, co-chomann gu sìorraidh ann an aonachd, gràdh, naomhachd agus aoibhneas.

---

## Naidheachd

---

### Turas a' Chrìosdaidh


Tha na coitheanalan Gàidhlig ann an Glaschu agus Dùn Èideann a' dèanadh adhradh anns na h-eaglaisean a-rithist (tha muinntir Eaglais Chaluim Chille a' coinneachadh ann an Eaglais

Blawarthill anns an eadar-àm, agus iad a' lorg dachaigh ùr dhaibh fhèin), ach bidh iad a' cumail an t-sianail YouTube aca, Eaglais Air-loidhne/ Online Gaelic Church a' dol. Bidh seirbheisean fhathast air am foillseachadh, agus bhideothan eile, leithid laoidhean agus sailm gan seinn.

Am measg rudan eile a bhios a' nochdadh air an t-sianal, bidh clàraidhean-fuaim dhen leabhar Turas a' Chrìosdaidh, an clasaig aig Iain Bunyan, air eadar-theangachadh le T.R. MacGilleBhràith.

### DVD Ìosa

O chionn beagan bhliadhnaichean, chaidh am film Jesus, stèidhichte air Soisgeul Lùcais agus air a stiùradh le Peter Sykes agus Jon Kirsh, a chur dhan Ghàidhlig. Tha e mu 80 mionaid air fad, agus biodh e freagarrach do theaghlachan, sgoiltean Shàbaid agus do dhuine sam bith a tha airson sgeulachd an t-Soisgeil fhaicinn ann an cruth eile. Tha copaidhean rim faighinn saor an-asgaidh a-nis, dìreach cuir post-d do [sneddon.duncan@gmail.com](mailto:sneddon.duncan@gmail.com) ag innse ur seòladh puist agus an àireamh a tha dhìth oirbh.





## AM FEAR-DEASACHAIDH

Ma tha sibh airson naidheachdan no beachdan a chur dhan Sgioba Deasachaidh, faodar post-d a chur gu [sneddon.duncan@gmail.com](mailto:sneddon.duncan@gmail.com).

## Bàrdachd

### *Rannan bhon laoidh “Creidimh Dhaoin’ Taghte Dhè”, le Pàdruiig Grandd*

Ach ruith an ùine a’s dhlùthaich tìm rinn,  
'Son bha shùil-sa ri Fear-saoraidh Israeil,  
chunna mi san fheòil e a’s fhuil da dòrtadh,  
is fhuair mi tròcair le glòir na h-ìobairt.

Chunna mi ainglean a’ tighinn a-nuas leis,  
's an ceòl b’ aoibhinn a’s bu bhinne chualas,  
toirt sgeul san fhàsach gun d’ rug san stàball,  
an leanabh aillte ud a b’ àlainn buaidhean.

Lean mi na buachaillean a chual’ an sgeul ud,  
's nuair shir sinn fhuair sinn e ’n siud gun èirigh,  
's gun neach na chòir-sam ach Muire is Iòsaph,  
's na h-ainglean glòrmhor nach d’ rinn a thrèigsinn.

Thuig mise an sgeul ud gun d’ èirich grian oirn’  
's chunna mi reult anns na speuran shìos ud,  
's daoine glic ag èirigh, 's lean iad an reult ud  
's dh’aindeoin Herod thug iad gèill mar Dia dha.



Pàdruiig  
Grandd nan  
Òran (1783 –  
1867)

## Adhbhar gàire

Tha naidheachd bheag ann mu bhodach air taobh siar na Gàidhealtachd. Mharbh e caora agus bha a nàbaidh dol a dh’fhaighinn a’ chinn agus na casan. Nuair a thàinig an nàbaidh gan iarraidh, bha an teaghlach a’ gabhail nan leabhraichean a-staigh. Bha am bodach a’ cur a-mach na loidhne nuair a nochd an gille a-steach, agus gun stad sam bith, chùm am bodach air a’ preasantadh:

“An ceann ’s na casan fon a’ bhòrd...”

Agus gun mhothachadh, ’s ann a lean an teaghlach e leis na faclan sin, gan seinn a rèir fonn an t-sailm. Co-dhiù, fhuair an gille an ceann agus na casan gun dragh a chur air adhradh an teaghlaich.

## Ùrnaigh

Nuair a chaidh do dhèanamh anns fheòil, Iòsa,  
dh’fhàg thu na nèamhan agus gach rud a bha agad  
agus thàinig thu a-nuas, a’ lorg dachaigh dhut fhèin  
ann an staid bhochd, ìseal.

Cha robh an saoghal airidh air do làthaireachd,  
ach naomhaich thu e.

Thig a-nuas a-rithist, a Thighearna,  
agus dèan dhut fhèin dachaigh nar cridheachan,  
bochd, ìseal agus neo-airidh air do làthaireachd ged a tha sinn.

Naomhaich sinn, Iòsa, tha sinn a’ guidhe ort,  
ach am bi sinn deiseil do ghlòir, do thoil agus d’ fhacal  
fhoillseachadh nar beathanan fhèin.

**Amen.**